

Litir Gràidh an Athair
Teachdaireachd Mhion-eòlach bho Dhia Thugadsa

Mo Leanabh,

'S dòcha nach aithne dhut mise, ach is aithne dhòmhsa a h-uile nì mu do dheidhinn-sa ([Salm 139: 1](#)). Is aithne dhomh an uair a shuidheas tu sìos agus an uair a dh'èireas tu suas ([Salm 139: 2](#)). Tha mi eòlach air do shlighean gu lèir ([Salm 139: 3](#)). Tha fiù's fuiltean do chinn air an àireamh ([Mata 10: 29-31](#)). Oir chaidh do chruthachadh na m' ìomhaigh ([Genesis 1: 27](#)). Annamsa tha thu beò agus a' gluasad agus a' faighinn do bhith ([Gnìomharan 17: 28](#)). Is tusa mo shliochd ([Gnìomharan 17: 28](#)). Bha mi eòlach ort fiùs mus deachaidh do ghineamhainn ([Ieremiah 1: 4-5](#)).

Thagh mi thu an uair a dhealbh mi an cruthachadh ([Ephèsianaich 1: 11-12](#)). Cha b' e mearachd a bha annad, oir tha do làithean uile sgrìobhte na mo leabhar ([Salm 139: 15-16](#)). Shuidhich mi an dearbh àm a rugadh tu agus far am biodh tu beò ([Gnìomharan 17: 26](#)). Tha thu air do chruthachadh gu h-uabhasach agus gu h-iongantach ([Salm 139: 14](#)). Dh' fhigh mi ri chèile thu ann am broinn do mhàthair ([Salm 139: 13](#)). Agus thug mise a-mach thu air an là air an do rugadh tu ([Salm 71: 6](#)). Chaidh aithris bhreugach a dhèanamh mu m' dheidhinn tron fheadhainn sin nach eil eòlach orm ([Eòin 8: 41-44](#)). Chan eil mi fad' às agus feargach, ach is mise aithris choileanta a ghràidh ([1 Eòin 4: 16](#)). Agus is e mo mhiann mo ghràdh a dhòrtadh a-mach ort ([1 Eòin 3: 1](#)), dìreach air sgath is gur tusa mo leanabh agus gur mise d' Athair ([1 Eòin 3: 1](#)).

Tha mise a' tairgse barrachd dhut na b' urrainn dha d' athair talmhaidh a thairgse dhut gu sìorraidh ([Mata 7: 11](#)). Oir is mise an t-Athair coileanta ([Mata 5: 48](#)). 'S ann bho mo làimhsa a tha a h-uile tiodhlac choileanta a tha thu a' faighinn a' tighinn ([Seumas 1: 17](#)). Oir is mise d' fear-buileachaidh, agus tha mi a' coinneachadh ri d' fheumalachdan gu lèir ([Mata 6: 31-33](#)). Tha mo phlana airson an ùine a tha ri thighinn an còmhnaidh air a bhith air a lìonadh le dòchas ([Ieremiah 29: 11](#)) a chionn gu bheil mi gad ghràdhachadh le gràdh sìorraidh ([Ieremiah 31: 3](#)). Tha mo smuaintean dha d' thaobh-sa gun chomas a bhith air an àireamh mar ghainneamh na tràighe ([Salm 139: 17-18](#)). Agus tha mi a' dèanamh gàirdeachas thairis ort le seinn ([Sephaniah 3: 17](#)).

Cha sguir mi gu bràth a bhi a' dèanamh maith dhut ([Ieremiah 32: 40](#)). Oir is tusa mo sheilbh luachmhor ([Ecsodus 19: 5](#)). Tha mi a' miannachadh do stèidheachadh le m' uile chridhe is anam ([Ieremiah 32: 41](#)). Agus tha mi ag iarraidh rudan mòra agus iongantach a shealltainn dhut ([Ieremiah 33: 3](#)). Ma shireas tu mi le d' uile chridhe, lorgaidh tu mi ([Deuteronomi 4: 29](#)). Gabh mòr-thlachd annamsa agus bheir mi dhut miannan do chridhe ([Salm 37: 4](#)), oir is mise a thug na miannan seo dhut ([Philipianaich 2: 13](#)). Tha mise an comas air barrachd a dhèanamh dhut na bhiodh e an comas dhut smaoinichadh ma dheidhinn ([Ephèsianaich 3: 20](#)). Oir is mise do neach misneachaidh as motha ([2 Tesalònianaich 2: 16-17](#)).

Is mise cuideachd d' Athair a tha gad chofhurtachadh nad uile àmhgharan (2 Corintianaich 1: 3-4). Nuair a tha do chridhe briste, tha mi faisg ort (Salm 34: 18). Mar a bhios buachaille a giùlain uan, tha mise air thusa a ghiùlain dlùth ri mo chridhe (Isaiah 40: 11). Aon là sguabaidh mi a h-uile deur air falbh bho do shùilean (Taisbeanadh 21: 3-4). Agus bheir mi air falbh an cràdh gu lèir a dh' fhulaig thu air an talamh seo (Taisbeanadh 21: 3-4).

Is mise d' Athair, agus tha mi gad ghràdhachadh mar a tha mi a' gràdhachadh mo mhic Ìosa (Eòin 17: 23). Oir ann an Ìosa tha mo ghràdh air do shon-sa air a thaisbeanadh (Eòin 17: 23). Is esan am fìor fhoillseachadh dhe mo bhith (Eabhraidhich 1: 3). Thàinig esan a' shealltainn gu bheil mi air do shon, 's nach ann nad aghaidh (Ròmanaich 8: 31) agus airson innse dhut nach eil mi ag àireamh do pheacaidhean (2 Corintianaich 5: 18-19).

Bhàsaich Ìosa airson gum faodadh rèite a bhith air a dhèanamh eadar thusa agus mise (2 Corintianaich 5: 18-19). B' e am bàs aigesan am prìomh mhìneachadh dhe mo ghràdh air do shon (1 Eòin 4: 10). Thug mi suas a h-uile nì a bu ghràdh leam airson do ghràdh-sa a bhuannachadh (Ròmanaich 8: 31-32). Ma ghabhas tu ri tiodhlac mo mhic-sa Ìosa Crìosd tha thu gam ghabhail-sa (1 Eòin 2: 23). Agus cha tèid aig nì sam bith air thusa a dhealachadh bho mo ghràdh a rithist (Ròmanaich 8: 38-39). Thig dhachaigh agus buillichidh mi am pàrtaidh as mò a chunnaic nèamh riamh (Lùcas 15: 7).

Bu mhise riamh an t-Athair, agus bi mi gu bràth nam Athair (Ephèsianaich 3: 14-15). 'S e mo cheist... am bi thusa nad leanabh dhomhsa? (Eòin 1: 12-13).

Tha mi a' feitheamh air do shon (Lùcas 15: 11-32).

Le gràdh,
D' Athair.

Am bu toigh leat tighinn dhachaigh?

'S e a h-uile nì a dh'fheumas tu a dhèanamh ach, gu sìmplidh, creidsinn gun do bhàsaich Ìosa na d' àite airson slighe a dhèanamh dhutsa airson a bhith air do bhreith a-steach na theaghlachsan. Is dòcha gun cuidich na faclan a leanas tu airson do smuaintean aithris gu Dia.

Athair, tha mi ag iarraidh tighinn dhachaigh. Am biodh tu cho math 's gun dèanadh tu mise nam leanabh leatsa? Tha mi a' tionndadh bho mo pheacaidhean agus a' gabhail ris a mhaitheanas a chaidh a dhèanamh an comas tro do bhàs do Mhic, Ìosa Crìosd agus an aiseirigh aige. Tha mi a' cur m' earbsa agus mo chreideamh ann an Ìosa a mhàin airson mo shàbhladh. Tapadh leat airson mise a dhèanamh nam phàirt dhe do theaghlach. Amen.